

BUIDHEANN VISITSCOTLAND AITHISG BHLIADHNAIL IS CUNNTASAN

airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024

Toraidhean obair VisitScotland ann an 2023/24



Margaidheachd airson luchd-ceannaich na dùthcha, suimean iomlan *1

£1126.5 millean GEI	£56.7 millean BEL	£38.2 millean LIC	745 ILT
-------------------------------	-----------------------------	-----------------------------	-------------------

Farpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI 2023

£391.4 millean GEI	£344 millean BEL	£205 millean LIC	5,285 ILT
------------------------------	----------------------------	----------------------------	---------------------

Prògraman EventScotland

£79.1 millean GEI	£32.4 millean BEL	£17.5 millean LIC	473 ILT
-----------------------------	-----------------------------	-----------------------------	-------------------

A' Mhaoin Mhòr 2023/4 *2

£22.5 millean GEI	£13.5 millean BEL	£6.6 millean LIC	174 ILT
-----------------------------	-----------------------------	----------------------------	-------------------

A' Leasachadh Shlighean 2023/4 *3

£51.2 millean GEI	£22.4 millean BEL	£15.1 millean LIC	295 ILT
-----------------------------	-----------------------------	-----------------------------	-------------------

GEI (Gnìomhachd Eaconamach Iomlan)
BEL (Buaidh Eaconamach Lom)
LIC (Luach Iomlan a Chuireadh ris)
ILT (Ionann ri Làr-thìde – obraichean)

*1 Daoine a shiubhail astar goirid, astar fada, luchd-tadhail bhon RA is Èirinn, agus Alba

*2 Co-labhairtean gnothachais agus tachartasan aig comainn a fhuair taic (mu 12,000 neach an làthair aca)

*3 Slighean-adhair a fhuair taic – leithid Toronto gu Dùn Èideann is Glaschu

Margaidheachd airson Luchd-ceannaich



chaidh sealltainn air bhidiothan

67 MILLEAN turas (an lùib mheadhanan/obair margaidheachd)

chaidh ruighinn air

161 MILLEAN neach tro mheadhanan sòisealta gun shanasachd phàighte

còrr is

411 MILLEAN sanas air a lìbhrigeadh air-loidhne

chaidh sealltainn air duilleagan visitscotland.com

23 MILLEAN turas

luach iomlan na chaidh a ghleidheadh tro Bhuidhnean Siubhail Air-loidhne (BSA)

\$35* MILLEAN agus **116,900** OIHCHEANNAN ANN AN RÙM

Tro VisitScotland thathar a' cruthachadh

£11

AIRSON GACH

£1

dhan eaconamaidh

*'S e £27.9m a tha seo a rèir na h-ìre iomlaid cuibheasaich aig HMRC airson 2023/24

AITHISG CHOILEANAIDH – SEALLADH FARSAING

'S e as adhbhar dhan t-sealladh fharsaing seo, geàrr-chunntas a thoirt seachad le fiosrachadh gu leòr gus am faigh daoine tuigse air VisitScotland, prìomh adhbhar ar n-obrach, na nithean as motha a dh'fhaodadh stad a chur oirnn bho bhith a' coileanadh ar cinn-uidhe agus air na choilean sinn rè na bliadhna seo.



Facal bhon Chathraiche



Stephen Leckie, Cathraiche, VisitScotland

'S iomadh adhbhar misneachd is dòchais a th' againn agus sinn a' cumail oirnn a' cur taic ris an roinn, a' togail cheanglaichean air feadh gnìomhachas an t-siubhail agus a' cur taic ri fàs seasmhach.

Thug e toileachas mòr dhomh an cothrom a ghabhail gus an dreuchd seo aig VisitScotland a ghabhail os làimh am-bliadhna. Tha mi air mo mhisneachadh leis cho proifeiseanta is fiosrach a tha an luchd-obrach ris an do choinnich mi. Tha e soilleir gur e daoine dealasach is dicheallach a tha ag obair sa bhuidhinn seo, daoine a tha airson cuideachadh le bhith a' toirt leasachadh air eaconamaidh an luchd-tadhail.

Tha VisitScotland fortanach cuideachd gu bheil sgioba stiùiridh fìor mhath againn. Bu mhath leam moladh a dhèanamh air an Àrd-oifigear, Malcolm Roughead, a leig dheth a dhreuchd às dèidh còrr is 20 bliadhna aig a' bhuidhinn, agus e a' fàgail dìleab air leth às a dhèidh.

Cuideachd, dh'fhàg Paul Bush, Stiùiriche nan Tachartasan, am-bliadhna, agus bha e gu mòr an sàs san t-soirbheachadh a chunnacas o chionn ghoirid, agus e a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Alba air a faicinn mar shàr dhùthaich nan tachartasan airson cuid de na tachartasan as motha is as fheàrr a gheibhear air an t-saoghal.

Mu dheireadh, bu toil leam moladh a dhèanamh air a' chathraiche a bha ann romham, Am Morair Inbhir Theòrsa a bha san dreuchd fad ochd bliadhna. Chaidh atharraichean a thoirt air a' bhuidhinn fo stiùir John a tha a-nis a' ciallachadh gu bheil VisitScotland deiseil airson nan dùbhlann is nan cothroman a thig san ùine ri thighinn.

'S iomadh adhbhar misneachd is dòchais a th' againn agus sinn a' cumail oirnn a' cur taic ris an roinn, a' togail cheanglaichean air feadh gnìomhachas an t-siubhail agus a' cur taic ri fàs seasmhach. Cuideachd, chunnacas toraidhean brosnachail ann an sgrùdadh-bheachd an luchd-tadhail, agus thuirt 82% de luchd-tadhail gum biodh iad buailteach Alba a mholadh do dhaoine eile, agus thuirt 80% de luchd-tadhail gum biodh iad buailteach no gu math buailteach tilleadh san ath chòig bliadhna.

Tha fios againn gur e àm dùbhlach a th' ann fhathast do ghnòthachasan turasachd is thachartasan, agus tha cosgaisean gnothachais a' toirt buaidh air prothaidean iomadh gnothachas, agus tha cosgaisean bith-beò a' toirt buaidh air na h-àireamhan de mhuinntir na dùthcha a bhios a' siubhal nan dùthaich fhèin. Sheall àireamhan o chionn ghoirid gu bheil piseach mhath air tighinn air turasachd eadar-nàiseanta ann an Alba, ach tha cosgaisean bith-beò air buaidh a thoirt air tursan le luchd-turais na RA.

Ged a thathar an dùil ri piseach is adhartas san eaconamaidh, bidh cùisean doirbh airson bliadhna no dhà fhathast. Mar bhuidhinn nàiseanta na turasachd, obraichidh sinn gu cruaidh le gnothachasan turasachd is thachartasan gus luchd-tadhail bhon dùthaich seo agus bho dhùthchannan eile a bhrosnachadh gus turas a ghabhail an seo.

Tha e follaiseach dhomh mu thràth gu bheil miann is dealas nach beag aig a' Bhòrd gus dèanamh cinnteach gun cùm sinn oirnn ag èisteachd ris agus

ag obair còmhla ris a' ghnìomhachas gus ar prìomh adhbhar a choileanadh – eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Sa bhliadhna ri thighinn, bidh sinn ag obair gus tuilleadh thachartasan sàr-mhath a chumail an seo agus gus cur ris an àireimh de dhaoine a ghabhas turas ann an Alba.

Tha roinn na turasachd is nan tachartasan a' cur £10.7 billean ri eaconamaidh na h-Alba gach bliadhna mar thoradh air na chosgais luchd-tadhail. Tha i a' cruthachadh obraichean, a' cur taic ri coimhearsnachdan agus a' tarraing ionmhas dhan dùthaich againn. Tha e na adhbhar moit dhomh a bhith ag obair còmhla ri daoine aig a bheil uiread de dhealas airson agus ùidh ann an turasachd is tachartasan, agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' cur ri soirbheachas na roinne tron obair agam mar Chathraiche VisitScotland sna bliadhnaichean ri thighinn.



Aithris an Àrd-oifigeir



Vicki Miller, Àrd-oifigeir VisitScotland

'S e ar prìomh amas dèanamh cinnteach gum bi Alba air aon de na cinn-uidhe as seasmaiche air an t-saoghal a thaobh chùisean eaconamach, na h-àrainneachd agus a' chomainn-shòisealta agus am-bliadhna bidh turasachd chunntachail fhathast mar bhunait do gach rud a nì sinn.

B' e bliadhna shuaicheanta a bh' anns a' bhliadhna a dh'fhalbh do dh'Alba, agus tuilleadh adhartais ri fhaicinn a thaobh turasachd eadar-nàiseanta. A thaobh àireamhan luchd-tadhail eadar-nàiseanta, nan oidhcheannan a chuir iad seachad an seo agus na chosg iad, bha a' bhliadhna seo na b' fheàrr na 2019 agus 2022. Tha leithid a thoraidhean a' dearbhadh mar a tha cliù aig Alba mar cheann-uidhe fìor tharraingeach gum bi daoine a' tilleadh gu tric. Tha mi air cur romham mar amas daingeann cur ris a' chliù sin agus mi a' togail air na rinn Malcolm Roughead, a bha san dreuchd seo romham, agus a tha air an t-uabhas a dhèanamh gus Alba a stèidheachadh mar cheann-uidhe air leth a thaobh turasachd chunntachail.

Chunnacas ath-nuadhachadh cuideachd air a' bhliadhna seo a thaobh siubhal airson choinneamhan, siubhal co-cheangailte ri comainn is siubhal corporra agus an roinn sin air tilleadh gu na h-ìrean a bh' ann ron ghalar mhòr-sgaoilte. Chaidh ochd tachartasan gnothachais mòra a chumail, le 12,000 neach an làthair agus chruthaich iad Luach Iomlan a Chuireadh Ris luach £6.6 millean.

Bha e mar phrìomh amas dhuinn leudachadh a thoirt air roinn an t-siubhail ann an Alba ann an dòigh sheasmhach, agus sinn a' cur prìomhachas air taic do na margaidhean airson tursan thar astar goirid agus astar fada a chuireas luach nach beag ris an eaconamaidh agus far a bheilear a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' tadhal air farsaingeachd de sgìrean agus aig diofar amannan dhen bhliadhna. Chan urrainn dhuinn sin a dhèanamh leinn fhìn agus dh'obraich sinn le diofar luchd-compàirt – cruinneil, nàiseanta is sgìreil – gus ar cinn-uidhe a choileanadh. Tro ar n-obair gus tuilleadh luchd-tadhail a tharraing a dh'Alba, tro mhargaidheachd thar iomadh meadhan, chruthaich sinn Buaidh Eaconamach Lom luach £56.7 millean.

'S e ar prìomh amas dèanamh cinnteach gum bi Alba air aon de na cinn-uidhe as seasmaiche air an t-saoghal a thaobh chùisean eaconamach, na h-àrainneachd agus a' chomainn-shòisealta agus am-bliadhna bidh turasachd chunntachail fhathast mar bhunait do gach rud a nì sinn. Tha sinn air taic a thoirt do ghnòthachasan gus na h-amasan aig Alba a thaobh cothromachadh-carboin a choileanadh tro ar com-pàirteachas leis a' Chorporaid Siubhail agus le bhith a' foillseachadh ar Stiùiridh air Nithean a Bheir Buaidh air a' Ghnàth-shìde.

Tha Alba fhathast na dùthaich shàr-mhath airson tachartasan. Mar phàirt de shamhradh loma-làn de thachartasan, chaidh ciad Fharpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI a chumail an seo ann an 2023, agus sin air a cur air dòigh le VisitScotland tro fhobhuidheann. Bha còrr is millean neach-amhairc an làthair aig na farpaisean thairis air 11 latha, agus thug an tachartas taic do còrr is 5,000 obair agus chruthaich e £220 millean leis na chosg luchd-tadhail agus Luach Iomlan a Chuireadh Ris de £205 millean airson Alba.

Tha dùbhlain ann fhathast, oir tha cosgaisean bith-beò fhathast a' toirt buaidh air àireamhan luchd-turais bhon RA agus tha dùbhlain gu leòr ro ghnothachasan, agus sin a' toirt buaidh air prothaidean. Mar thoradh air sin, tha cleachdaidhean luchd-ceannaich agus feumalachdan ghnothachasan air atharrachadh gu mòr, gu h-àraidh bho thachair COVID-19 agus ann an saoghal far a bheil buaidh an teicneòlais dhidseataich a' sìor fhàs nas motha.

Mar bhuidhinn chunntachail, rinn sinn ath-sgrùdadh air ar n-obair agus chuir sinn prògram de dh'atharraichean ro-innleachdail an sàs gus am bi sinn uidheamaichte airson a bhith ag obair san t-saoghal ùr seo, agus sinn a' cur ar cuid eòlais is stòrasan gu feum mu choinneimh obair a neartaicheas eaconamaidh an luchd-tadhail.

Sgaoil sinn fios mu mar a tha sinn air atharraichean a thoirt air na dòighean sam bi sinn a' toirt fiosrachadh do luchd-tadhail agus comhairle do ghnothachasan, le dòigh-obrach far a bheilear a' cur prìomhachas air meadhanan didseatach, ach chan e dìreach meadhanan didseatach a chleachdar.

Leis an dòigh-obrach ùir againn, nì sinn cinnteach gum faigh barrachd ghnothachasan cothrom air comhairle is taic tro mheadhanan didseatach, a bhios ag amas air na feumalachdan sònraichte aca fhèin. Cuidichidh seo iad le bhith a' tabhann barrachd do luchd-tadhail, a' ruighinn air margaidhean ùra agus a' frithealadh air feumalachdan luchd-tadhail, feumalachdan a tha a' sìor atharrachadh. Tha sinn ag obair ann an dlùth chom-pàirt ri daoine eile, leithid bhuidhnean cheann-uidhe is roinneil, gus comhairle is taic a dh'aona-ghnothach a thoirt seachad – le fios air luchd-taice gnothachais eile nuair a bhios sin iomchaidh. Tha na leasachaidhean seo a' ciallachadh gum bi sinn a' stad a ruith ar sgeamaichean Dearbhachd Càileachd sa Mhàrt 2025.

Sgaoil sinn an naidheachd gun deigheadh na h-Ionadan-fiosrachaidh againn a dhùnadh, agus sinn a' faicinn gum feum sinn ar dòighean-obrach atharrachadh ri linn mar a tha luchd-tadhail air na dòighean aca atharrachadh a thaobh mar a nì iad planadh agus mar a ghlèidheas iad turas. Le seo, tha cothrom againn cur ri buaidh is ruigsinneachd na buidhne, agus sinn a' toirt barrachd fiosrachaidh dhan luchd-tadhail mus fhalbh iad air turas, gus am fuirich iad nas fhaide, gus an cosg iad barrachd agus gus am faic iad barrachd de dh'Alba. Rinn sinn co-chonaltradh ri luchd-ùidhe gus beachdachadh air suidheachaidhean ionadail mus tèid na h-ionadan a dhùnadh, agus, mar phrìomhachas, tha sinn air taic a thoirt do luchd-obrach rè ùine nan atharraichean seo.

Tha ar luchd-obrach a' dèanamh obair fìor chudromach gus taic a chumail ri luchd-tadhail is gnothachasan agus tha fios againn gur e atharrachadh mòr a tha seo a thaobh mar a bhios sinn ag obair. Ach tha mi gu mòr dhen bheachd gur e seo an roghainn cheart agus gum feum e tachairt ma tha sinn airson an diofar as motha as urrainn dhuinn a dhèanamh a thaobh a bhith cur ri luach eaconamaidh an luchd-tadhail.

Chunnacas atharraichean sa bhuidhinn fhèin às dèidh do mar a leig Malcolm dheth a dhreuchd mar Àrd-oifigear agus mar a dh'fhàg Paul Bush a dhreuchd mar Stiùiriche nan Tachartasan. Rinn an dithis aca obair ionmholta dhan bhuidhinn, agus airson roinn na turasachd is nan tachartasan san fharsaingeachd, agus bu mhath leam mo thaing a thoirt dhaibh airson na rinn iad.

'S e urram mòr a th' ann dhòmhsa gun deach iarraidh orm a dhol os cionn VisitScotland mar Àrd-oifigear, aig àm nuair a tha sinn a' faicinn barrachd luchd-turais eadar-nàiseanta agus nuair a tha Alba a' cosnadh cliù mar shàr dhùthaich nan tachartasan. Cumaidh sinn oirnn a' cur aghaidh ri atharraichean a thig agus a' cur prìomhachas air ar n-adhbhar: eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin ann an Alba.

Fiosrachadh reachdail

Chaidh VisitScotland a chur air chois an toiseach mar Bhòrd Turasachd na h-Alba fo Achd Leasachadh na Turasachd 1969. Fo Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006, chaidh ainm Bòrd Turasachd na h-Alba atharrachadh gu VisitScotland. Fo Achd 1969, b' e prìomh dhleastanas VisitScotland muinntir Bhreatainn a bhrosnachadh gu bhith a' tadhal air agus a' tighinn air làithean-saora a dh'Alba, agus comhairle a thoirt dhan riaghaltas agus buidhnean poblach air cùisean co-cheangailte ri turasachd ann an Alba. Fo Achd na Turasachd (Margaidheachd Thall Thairis) (Alba) 1984, tha ùghdarras aig VisitScotland gus margaidheachd a dhèanamh air Alba thall thairis.

'S ann ann an Dùn Èideann a tha prìomh oifis VisitScotland, agus cuideachd tha lionra de dh'ionadan-fiosrachaidh is oifisean ionadail aig VisitScotland air feadh na dùthcha.



Prìomh chinn-uidhe, cùisean agus cunnartan ro-innleachdail

'S e prìomh amas VisitScotland, mar a chithear san Fhrèam Ro-innleachdail airson 2021-2024, a bhith ag obair ann an dòigh ro-innleachdail is cho-òrdanaichte gus cuideachadh le bhith a' toirt ath-nuadhachadh air eaconamaidh an luchd-tadhail ann an dòigh chunntachail. Le bhith a' dèanamh sin, bidh sinn a' cur taic glè chudromach ris an obair gus na ro-innleachdan gnìomhachais, Scotland Outlook 2030 agus Alba: Sàr Dhùthaich nan Tachartasan, a choileanadh.

Bidh VisitScotland, tro ar n-obair, a' cur taic ris na h-amasan is builean co-cheangailte a gheibhear ann an Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach, Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh.

Gus ar prìomh amas a choileanadh, bidh VisitScotland ag obair gus adhartas a dhèanamh leis na bunaitean ro-innleachdail a leanas:

- A' brosnachadh luchd-tadhail bho air feadh an t-saoghail gus tighinn a dh'Alba
- A' cur taic ri gnothachasan turasachd is thachartasan na h-Alba
- Ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd, na roinne agus cheann-uidhe gus ath-nuadhachadh cunntachail a thoirt air an roinn
- A' toirt piseach air eòlas, comasan, is planaichean na buidhne agus air mar a chumas sinn ri reachdas
- A' cur taic ri is a' leasachadh sgilean ar daoine

Tha na bunaitean seo mar fhrèam airson mar a nì sinn measadh air ìrean coileanaidh agus mar a chumas sinn rian air cunnartan. Aig deireadh 2023/24, am measg nam prìomh chunntartan bha:

Suidheachadh dùbhlanaich a thaobh maoinachadh

Tha sinne aig VisitScotland a' cumail oirnn a' dèanamh tagradh ri Riaghaltas na h-Alba a thaobh cho cudromach 's a tha turasachd. Ge-tà, ri linn mar a tha an eaconamaidh an-dràsta, tha gearraidhean air a bhith ann ann am buidseat na buidhne agus sin gar fàgail le duilgheadasan nach beag nar n-obair. Tha àrdachadh air ìre na h-atmhorachd air cur ri cosgaisean air feadh na buidhne.

Tha luchd-stiùiridh VisitScotland air grunn ghnìomhan a dhèanamh gus cruth na buidhne atharrachadh is

cosgaisean a lùghdachadh mar as iomchaidh gus dìon a chur air a' bhuidhinn san àm ri teachd. Tha buidheann nas èifeachdaiche, le amasan nas cuimsichte, againn a-nis mar bhuannachd air sin, ach tha e cuideachd a' ciallachadh nach eil an aon ìre de dh'airgead againn airson a chosg air ar n-obair.

Cuideachd, bithear a' cosg cuid mhath de mhaoineachadh VisitScotland air cosgaisean luchd-obrach, leithid àrdachaidhean pàighidh. Le buidseat a tha a' fuireach aig an aon ìre, feumar pàigheadh airson sin le bhith a' toirt airgead air falbh bhon bhuidseat airson ar prìomh obrach. Chaidh buidseat VisitScotland a ghearradh agus sinn a' call 5% airson 2024/25. Tha sin, cuide ris a' bhuaidh a bheir ìre na h-atmhorachd air ar prìomh chosgaisean agus àrdachaidhean pàighidh, a' ciallachadh gu bheil a' bhuidheann fo uallach nach beag leis na buidseatan againn agus bha aig a' bhuidhinn ri dèiligeadh ri sin tro phlanaichean bliadhnaile agus sinn a' gabhail tuilleadh cheumnan èifeachdais agus a' toirt lùghdachadh air ar prìomh obair.

A' Cur air Dòigh Farpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI ann an 2023 agus Obair Chrìochnachaidh na Farpaise

Chaidh Farpais Baidhsagalachd na Cruinne aig UCI a chumail san Lùnastal 2023 agus shoirbhich leis, agus cha do dh'èirich duilgheadasan mòra sam bith le luchd-solair a bhiodh air buaidh a thoirt air an tachartas. Thòisich eadh air an obair chrìochnachaidh airson na Farpaise às dèidh làimhe agus bhathar air 90% dhe sin a dhèanamh airson a' Mhàirt 2024. Bheirear na cunnartan co-cheangailte ris an obair chrìochnachaidh nach do rinneadh fhathast air adhart chun na bliadhna ionmhasail 2024/25.

Tèarainteachd Dhidseatach

Ri linn mar a tha cunnartan co-cheangailte ri tèarainteachd dhidseatach san fharsaingeachd a' dol am meud, tha sinn a' cumail oirnn a' neartachadh ar rianan tèarainteachd. Tha Buidheann Daingneachd Dhidseatach aig VisitScotland agus plana gnìomh gus dèanamh cinnteach gum bithear a' sìor neartachadh ar n-ìrean tèarainteachd agus gu bheil ìrean freagarrach de dhaingneachd aig a' bhuidhinn. Tha seo a' togail air Plana Gnìomh Dhidseatach Riaghaltas na h-Alba agus air an Fhrèam Dhidseatach, stiùireadh bhon Ionad Nàiseanta airson Tèarainteachd Dhidseatach agus Riatanasan Dhidseatach.

Sùil air thoiseach

Le sùil air thoiseach chun na bliadhna ionmhais 2024/25, tha VisitScotland dhen bheachd gum bi na leanas am measg nam prìomh chunnartan:

Am Prògram airson Atharraichean Ro-innleachdail

Tha VisitScotland a' cur prògram nach beag thar ghrunn bhliadhnaichean an sàs airson atharraichean ro-innleachdail gus dèanamh cinnteach gum bi sinn deiseil gus am feum as fheàrr a dhèanamh de ar maoineachadh san ùine ri thighinn. Mar phàirt de sin bidh sinn a' gabhail ealla ri atharraichean ann an cleachdaidhean luchd-ceannaich is feumalachdan ghnòthachasan agus a' dèanamh obair co-cheangailte ri margaidheachd is tachartasan agus a' toirt comhairle dhan ghnìomhachas gus cuideachadh le bhith a' cur ri eaconamaidh an luchd-tadhail is luach na h-eaconamaidh sin. Nì am prògram cinnteach gu bheil cruth is meud na buidhne freagarrach gus ar prìomh adhbhar a choileanadh, eaconamaidh an luchd-tadhail a leasachadh, agus sinn a' cur ri luach na h-eaconamaidh sin. Cuirear am prògram atharraichean lèirsinneach seo an sàs ceum air cheum, thar dà bhliadhna, agus na lùib nithear co-dhùnaidhean ro-innleachdail cudromach a bheir buaidh air luchd-obrach, luchd-ceannaich, agus luchd-ùidhe, thar dhiofar sheirbheisean a bhios VisitScotland a' toirt seachad. Cuideachd, bidh aig a' bhuidhinn ri measadh a dhèanamh air ar structairean riaghlaidh is siostaman feuch a bheil iad fhathast freagarrach. Cuirear am prògram seo an sàs aig àm nuair a tha atharraichean air thighinn air sgioba stiùiridh VisitScotland, le Àrd-oifigear ùr, Cathraiche a' Bhùird ùr agus Cathraiche ùr air a' Chomataidh Sgrùdaidh is Chunnartan.

Dùbhlain mhaoineachaidh

Tha an luchd-stiùiridh an dùil gum bi dùbhlain ann fhathast air a' bhliadhna ri thighinn a thaobh maoineachadh Riaghaltas na h-Alba, ri linn mar a tha an suidheachadh eaconamach agus mar a bhios ìre na h-atmhorachd a' toirt buaidh air pàigheadh gach bliadhna. Bidh sinn a' cumail oirnn a' dèanamh tagradh ri Riaghaltas na h-Alba mu thurasachd agus nì sinn soilleir dhaibh dè a' bhuidhne a bheireadh barrachd ghearraidhean, air maoineachadh na buidhne, air eaconamaidh an luchd-tadhail.

Tèarainteachd Dhidseatach

A thuilleadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil rianan èifeachdach ann airson tèarainteachd dhidseatach san fharsaingeachd, nì a' bhuidheann cinnteach gun cùm sinn oirnn a' neartachadh nan rianan sin agus sinn a' sireadh chothroman a thaobh mar a dh'obraicheas sinn le teicneòlas fèin-ghnìomhach. Nuair a thig e gu bhith a' cleachdadh AI gu h-àraidh, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn air gach cunnart is cothrom a chomharrachadh, agus feumar modhan-obrach is pròiseasan buadhach a stèidheachadh a lùghdaicheas na cunnartan dhan bhuidhinn, fhad 's a bhithear a' faighinn nam buannachdan a thig bhon teicneòlas.



© VisitScotland. Dùbhlachd 2024

VisitScotland, Cùirt Waverley, 8 Sràid na Margaidh an Ear,
Dùn Èideann EH8 8BG.

visitscotland.org

© Neil McIntyre